


# Montaidh agus am burgar



Diana Bentley • David Melling



Seo Montaidh.

'S e uilebheist mòr tapaidh a th' ann.

Seo Tofaidh, a charaid.

Tha Tofaidh laghach.

Là bha siud bha an t-acras air Montaidh  
agus Tofaidh.

Bha Tofaidh ag iarraidh burgar mòr.

Bha Montaidh ag iarraidh burgar mòr, mòr.



“Tha mise ag iarraidh  
burgar mòr,”  
<sup>2</sup> thuirt Tofaidh.



“Tha mise ag iarraidh  
burgar mòr, mòr,”  
thuirt Montaidh.



“Tha seo math!”  
thuirt Montaidh.



“Tha seo math!”  
thuirt Tofaidh.



“O, mo chreach, tha am  
burgar seo ro mhòr!”  
thuirt Montaidh.



“Ha! Ha!”  
thuirt Tofaidh.



“Tha am burgar mòr, mòr,  
ro mhòr!”  
8 thuirt Tofaidh.